

Geàrr-chunntas air measadh buaidhe: Ro-innleachd dealbhadh buidhne UHI a Tuath, an Iar agus Innse Gall

Tionndadh 1.0, Dimàirt 17 Sultain 2024

Cùl-fhiosrachadh

Dimàirt 1 Lùnastal 2023, cho-aonaich trì colaistean ann an com-pàirteachas Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean (UHI)—UHI Gàidhealtachd a Tuath, UHI Innse Gall, agus UHI Gàidhealtachd an Iar – gu h-oifigeil gus aon stèidheachd a chruthachadh: UHI a Tuath, an Iar agus Innse Gall.

Chaidh an co-aonadh iomain air aghaidh le bùird-stiùiridh nan trì colaistean mar fhreagairt air dùbhlain mhòra a thaobh ionmhais is deamografachd a bha a' bagairt an seasmhachd san fhad-ùine, a dh'aindeoin na choilean iad le chèile. Anns an t-Samhain 2022, bhòt na bùird gu h-aon-ghuthach airson a' cho-aonaidh, agus fhuair am [Moladh agus a' Chùis Gnothachais airson a' Cho-aonaidh](#) aonta bho Phàrlamaid na h-Alba san Ògmhios 2023, rud a chomasaich stèidheachadh laghail na colaiste ùire.

Às dèidh a' cho-aonaidh, chuir UHI a Tuath, an Iar agus Innse Gall ro-innleachd Dealbhadh Buidhne air chois gus an sgioba-obrach de chòrr is 600 neach-obrach a dhaingneachadh nan structar luchd-obrach aonaichte airson bliadhna acadaimigeach 2024-25. Tha an t-ath-eagrachadh seo a' toirt buaidh air luchd-obrach air feadh nan 19 àrainnean agus ionadan ionnsachaidh aig UHI a Tuath, an Iar agus Innse Gall air fad, a' gabhail a-steach feadhainn a tha suidhichte ann an coimhearsnachdan eileanach iomallach leithid Eilean Bharraigh, Beinn na Faoghla, Uibhist a Deas, Uibhist a Tuath, Eilean Leòdhais, agus an t-Eilean Sgitheanach.

Rinideal a' mheasaidh buaidhe

A rèir a dhleastanasan mar 'Ùghdarras Bointeach' fo [Achd nan Eilean \(Alba\) 2018](#), tha Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean air measadh buaidhe a chumail gus measadh a dhèanamh air a' bhuaidh a tha an ro-innleachd Dealbhadh Buidhne a' toirt air luchd-obrach UHI a Tuath, an Iar agus Innse Gall tarsainn nan sgìrean sgapte aige. Tha am measadh a' leantainn nan ceumannan a chaidh a mhìneachadh sa phròiseas airson [Measadh Buaidhe air Coimhearsnachdan Eileanach](#) feuch a bheil feum air measadh iomlan. Is iad na ceumannan seo:

1. Na h-amasan a mhìneachadh gu soilleir



2. Dàta a chruinneachadh agus luchd-ùidhe a chomharrachadh
3. Co-chomhairlean a dhèanamh
4. Measadh a dhèanamh feuch a bheil feum air MBCE
5. An MBCE ullachadh, ma tha feum air, no leantainn air adhart gu ceum 6
6. Atharrachaidhean riatanach a dhèanamh air an ro-innleachd
7. An MBCE fhoillseachadh.

Nì am pròiseas seo cinnteach gun tèid beachdachadh gu mionaideach air buaidh sam bith a dh'fhaodadh a bhith air coimhearsnachdan eileanach agus gun tèid dèiligeadh rithe.

Tha am measadh buaidhe seo a' cuimseachadh gu sònraichte air ro-innleachd Dealbhadh Buidhne UHI a Tuath, an Iar agus Innse Gall. Thèid dèiligeadh ri ro-innleachd agus tairgse curraicealaim ùraichte na colaiste ann am measadh buaidhe air leth.

Thèid an aithisg iomlan air a' mheasadh buaidhe fhoillseachadh taobh a-staigh den bhuidhinn, agus thèid an geàrr-chunntas luchd-gnìomha seo fhoillseachadh air an taobh a-muigh ann am Beurla agus Gàidhlig, air làraichean-lìn UHI agus UHI a Tuath, an Iar agus Innse Gall.


Ath-structaradh na colaiste

Is e rùn na colaiste: 'Sgìrean dùthchail agus eileanach na h-Alba a cho-cheangal, agus sinn a' dol air thoiseach le cothroman foghlaim is rannsachaidh sònraichte gus leigeil le ar n-oileanaich agus ar coimhearsnachdan cumadh a thoirt air na tha romhpa san àm ri teachd ann an saoghal atharrachail'.

Chaidh an co-aonadh a dhealbhadh gus buidheann nas seasmhaiche a stèidheachadh le comas agus goireasan leasaichte gus a curraicealam, a rannsachadh agus a h-ùr-ghnàthachadh a leudachadh. Tha an lèirsinn seo ri a faicinn anns na h-amasan ro-innleachdail air an deach a bunachadh, a tha a' cuimseachadh air:

- Seasmhachd ionmhasail
- Fàs cuimsichte ann an curraicealam, rannsachadh agus iomlaid eòlais agus iomairt
- Leasachadh a dhèanamh air na dh'fhiosraicheas oileanaich
- Seasmhachd agus doimhneachd an sgioba

Bha an ro-innleachd Dealbhadh Buidhne air a cumadh le rùn agus amasan ro-innleachdail na colaiste, agus mar sin bha aice ri dòigh-obrach a chur an cèill gus



structar buidhne singilte a dhealbhadh, a chur an gnìomh agus a lìonadh airson UHI a Tuath, an Iar agus agus Innse Gall: structar a bhiodh an dà chuid so-ruigsinn a thaobh costas agus cho freagarrach is a ghabhadh a thaobh libhrigeadh ro-innleachd agus amasan na colaiste. Bha caochladh phàirtean air an gabhail a-steach anns an ro-innleachd Dealbhadh Buidhne a thàinig às a sin:


- **Frèam stiùiridh eadar-amail:** bha a' cholaiste ag obrachadh fo rèiteachadh stiùireadh meatrags gus dèiligeadh ri riatanasan obrachaidh agus stiùireadh loidhne, gus leigeil le obraichean gnothachais cumail a' dol gus am biodh an t-ath-structaradh deiseil.
- **Dealbhadh Buidhne:** chaidh seo a dhèanamh gus an structar buidhne a chaidh a mholadh airson na colaiste a dhealbhadh aig ìre nan roinnean, an luchd-stiùiridh agus an luchd-obrach.
- **Sgaradh saor-thoileach:** còmhla ris an obair DB bha e an rùn na colaiste plana seasmhachd ionmhasail trì bliadhna a libhrigeadh, agus bha an Sgeama Sgaraidh Shaor-thoilich na phàirt chudromach dheth. Tro chaomhnaidhean nach robh ceangailte ri luchd-obrach, sgaradh saor-thoileach, agus riaghladh dhreuchdan bàna, lùghdaich iad an targaid chaomhnaidhean de £3.3 millean airson 2023-24 gu timcheall air £0.5 millean ro dheireadh na bliadhna acadaimigich.
- **Modhan Ghoireasan Daonna:** Chaidh iad sin a dhealbhadh, chaidh co-chomhairleachadh a dhèanamh orra, is chaidh an aontachadh agus an cur a-mach mar bhunait do bhuileachadh structar ùr na buidhne. Bha na modhan-obrach a' toirt a-steach sgaradh saor-thoileach, atharrachadh eagrachail, taraiseag/eadar-ghluasad luchd-obrach gu structaran ùra, agus ath-shuidheachadh.
- **Co-chomhairle agus conaltradh:** fad a' phrògraim gu lèir bha farsaingeachd de ghnìomhachdan co-chomhairleachaidh ann ri luchd-obrach, oileanaich, am bòrd-stiùiridh agus aonaidhean-ciùird aithnichte. Chaidh co-chomhairlean luchd-obrach a dhèanamh ri còrr is 570 de luchd-obrach – a' mhòr-chuid leotha fhèin, gu tric barrachd is aon uair. Chaidh co-chomhairle lòdach a chumail ris na h-aonaidhean ciùird Comann Òraidichean Foghlam Adhartach Institiud Foghlaim na h-Alba (EIS-FELA) agus Unison tron Cho-chomataidh Ionadail, agus tha na coinneamhan sin gan cumail gu cunbhalach fhathast.
- **Aontaidhean:** tha e an urra ris a' bhòrd-stiùiridh aonta a thoirt don structar buidhne a tha air a mholadh mar thoradh air seo agus a sho-ruigsinneachd a thaobh costas.

Mion-sgrùdadh

A' leantainn nan ceumannan a chaidh a mhìneachadh sa phròiseas airson [Measadh Buaidhe air Coimhearsnachdan Eileanach](#), rinn am pròiseas measaidh buaidhe ath-sgrùdadh air amasan na ro-innleachd DB, dàta luchd-obrach na colaiste (gu

sònraichte lùghdachaidhean ann an luchd-obrach aig gach làrach anns an 12 mhìos às deidh a' chuir-an-inbhe, an dàrna cuid tro sgaradh saor-thoileach no air adhbharan eile), poileasaidhean làithreach UHI agus UHI a Tuath, an Iar agus Innse Gall agus beachdan a fhuaras o cho-chomhairleachadh gu ruige seo feuch an robh buaidhean sònraichte air coimhearsnachdan eileanach, no gu dearbh ann an suidheachadh sam bith eile ann an UHI a Tuath, an Iar agus Innse Gall. Bha na prìomh thoraidhean mar a leanas:

- De na 19 de dh'àrainnean agus ionadan ionnsachaidh aig UHI a Tuath, an Iar agus Innse Gall, bha crìonadh san luchd-obrach ann an 13 sa bhliadhna an dèidh a' cho-aonaidh. Tha na lùghdachaidhean seo ri am faicinn sa chairt gu h-ìosal, air an taisbeanadh a thaobh an dà chuid cunntas-cheann an luchd-obrach agus Co-ionannachd ri Làn-ùine (CLÙ). Is ann aig na trì prìomh àrainnean a bh' ann roimhe sna colaistean dìleabach, far an robh na h-àireamhan a bu mhotha de luchd-obrach cheana, a fhuaras na lùghdachaidhean a bu mhotha. Tarsainn nan 10 làraichean eile, tha caochlaideachd ann a thaobh lùghdachaidhean ann an luchd-obrach CLÙ ach sa chumantas tha iad a' fanachd aig a' chuibheasachd no nas ìsle na sin, is gun phàtran soilleir a' nochdadh. Tha a' chuibheasachd a' toirt a-steach làraichean far nach d'fhuaras lùghdachadh sam bith.




Lùghdachadh luchd-obrach iomlan (VSS agus neo-VSS) gach làrach bho 01/08/23; tha làraichean eileanach air an cuairteachadh air an x-axis.

Tha na h-ìrean luchd-obrach a fhuaras mar thoradh air sin ri am faicinn air an ath dhiagram. Cha robh lùghdachadh sam bith air luchd-obrach aig na làraichean seo:

- Eileanan: Barraigh, Beinn na Faoghla, Uibhist a Tuath
 - Tìr-Mòr: Ceann Loch Lìobhann, Malaig, Sròn an t-Sìthein
- Dhearbh mion-sgrùdadh air an structar stiùiridh a bha air a mholadh gum b' e cuibhreann co-chosail de mhanaidsearan a bh' ann tarsainn sgìrean nan 3 colaistean dìleabach, agus e air a thomhas mar àireamh sa cheud den luchd-obrach a bha air an suidheachadh anns gach sgìre:

	UHI Gàidhealtachd a Tuath	UHI Innse Gall	UHI Gàidhealtachd an Iar
Manaidsearan	8.5%	10.5%	9.6%
Luchd-obrach gun àrdachadh	91.5%	89.5%	90.4%



UHI Luchd-obrach a Tuath, an Iar agus Innse Gall gach làrach airson bliadhna acadaimigeach 2024-25; tha làraich eileanach air an dath purpaidh/pinc airson CLU/àireamh duine.

- Tha dà àite eileanach anns a bheil lùghdachadh luchd-obrach a tha nas àirde, gu co-rèireach, na a' chuibheasachd:

Port Rìgh, An t-Eilean Sgitheanach:

- Feadhainn a dh'fhalbh tron Sgeama Sgaraidh Shaor-thoilich: 1.2 CLÙ (2 neach-obrach)
- Feadhainn a dh'fhalbh is gun sin a bhith tron Sgeama Sgaraidh Shaor-thoilich: 0.98 CLÙ (6 luchd-obrach)
- Tha coltas air gu bheil lùghdachadh 'nas àirde na a' chuibheasachd' ann an cunntas-cheann an luchd-obrach ann am Port Rìgh, ach tha seo air sgàth gun do dh'fhàg 3 luchd-obrach a bha air cùmhnantan sealach, agus an còrr a' falbh air adhbharan eile. Dh'fhalbh 2 neach-obrach tro sgaradh saor-thoileach - ghabh aonan dhiubh obair ùr san sgìre, chan eil fios càit an deach an neach eile.

Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais:

- Feadhainn a dh'fhalbh tron Sgeama Sgaraidh Shaor-thoilich: 11.6 CLÙ (16 de luchd-obrach)
- Feadhainn a dh'fhalbh is gun sin a bhith tron Sgeama Sgaraidh Shaor-thoilich: 2.0 CLÙ (2 neach-obrach)
- An coimeas ris an 2 phrìomh àrainn eile a bh' ann (An Gearastan agus Inbhir Theòrsa) fhuaras lùghdachadh a bu mhotha ann an luchd-obrach ann an Steòrnabhagh a thaobh CLÙ ach cha b' ann a thaobh cunntas-cheann an luchd-obrach – tha an Gearastan nas àirde a thaobh sin. Bha a h-uile duine a bha a' falbh à Steòrnabhagh os cionn 40, bhiodh 31% a' dol air chluaineas agus bha 25% nach robh fhios càit an robh iad a' dol; bha an 44% eile a' dol air adhart gu toraidhean matha eile - a' gabhail cosnadh ùr, a' tòiseachadh/a' ruith an gnothachas fhèin, agus aon neach a' dol na oileanach aig UHI a Tuath, an Iar agus Innse Gall.

Measadh

Chomharraich an dàta Steòrnabhagh mar phrìomh fhòcas airson a bhith a' measadh bhuidhean sònraichte sam bith air a' choimhearsnachd eileanach. Air a shon sin, tha am measadh buaidhe seo a' co-dhùnadh nach eil buaidh fìor neo-chuimseach no sònraichte air Steòrnabhagh agus a choimhearsnachd air na h-adhbharan a leanas:



- Ged a bha lùghdachadh beagan nas àirde ann an Steòrnabhagh na bha anns a' Ghearastan, chan e diofar mòr a th' ann.
- Is e Steòrnabhagh an treas làrach as motha aig UHI a Tuath, an Iar agus Innse Gall fhathast a thaobh àireamh an luchd-obrach agus tha e a' cumail cuibhreann co-roinneil de dhreuchdan riaghlaidh sa cholaiste.
- Den luchd-obrach a dh'fhàg Steòrnabhagh tro sgaradh saor-thoileach, bha 75% dhiubh a chaidh air chluaineas gu h-ionadail no a ghluais gu cothroman cosnaidh no foghlaim eile san sgìre.
- Tha a' phàirt ghnìomhach a tha a' cholaiste a' gabhail ann an Com-pàirteachas So-fhastachd Ionadail Innse Gall agus iomairtean Chùmhnant Fàis nan Eilean a' nochdadh gu bheil cothroman cosnaidh làidir san sgìre fhathast. Gu dearbh, tha UHI a Tuath, an Iar agus Innse Gall fhathast a' trusadh ann an Steòrnabhagh gus dèiligeadh ris an tionndadh nàdarra ann an luchd-obrach.
- Tha na h-atharrachaidhean a tha gan iomain le ro-innleachd Dealbhadh Buidhne UHI a Tuath, an Iar agus Innse Gall an dà chuid riatanach agus cuimseach gus dèanamh cinnteach à seasmhachd ionmhasail na colaiste. An cuideam ionmhasail a tha air UHI a Tuath, an Iar agus Innse Gall, tha e a' rèir mar a tha air com-pàirteachas UHI san fharsaingeachd agus na h-earrainnean colaiste is oilthigh sa choitcheannas.

Mar cho-dhùnadh, tha UHI den bheachd nach toir na h-atharrachaidhean a thig à ro-innleachd Dealbhadh Buidhne UHI a Tuath, an Iar agus Innse Gall buaidh fìor eadar-dhealaichte air coimhearsnachd eileanach sam bith an taca ri coimhearsnachdan eile, a' gabhail a-steach coimhearsnachdan eileanach eile, ri linn an ath-leasachaidh ionmhasail a tha a' dol air feadh na h-earrainne aig an àm seo. Mar sin, chan eilear den bheachd gu bheil feum air Measadh nas iomlaine air a' Bhuaidh air Coimhearsnachdan Eileanach.

Atharrachaidhean

Às deidh foillseachadh a' mheasaidh buaidhe seo, nì Stiùiriche Dhaoine is Cultair UHI a Tuath, an Iar, agus Innse Gall – a tha os cionn Ghoireasan Daonna, Dealbhadh Buidhne, agus Leasachadh Buidhne, agus a bhios ag aithris gu dìreach don Phrionnsapal agus Àrd-Oifigear Gnìomha – cinnteach gun gabh a' cholaiste na ceuman a leanas:

- Am poileasaidh trusaidh, taghaidh is gleidhidh ùrachadh gus dèanamh cinnteach gum bi suim air a gabhail gu ceart do luchd-obrach agus tagraichean a dh'fhaodadh a bhith ann às na h-eileanan.
- Fios a chumail ris an luchd-stiùiridh gnìomha agus comataidh ghoireasan daonna a' bhùird-stiùiridh mu chlaonaidhean a thaobh luchd-obrach, le aire



shònraichte do chomharran sam bith air atharrachaidhean mì-chuimseach ann an eagrachadh neo luchd-obrach aig làraichean fa leth, gu h-àraidh làraichean eileanach, agus planaichean lasachaidh a thairgsinn a rèir mar a bhios feum.